

## Bòrd MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu  
Diardaoin 26 Cèitean 2016, 1000-1300

### Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Magaidh Choineagan (sa Chathair) Jo NicDhòmhnaill  
Dùghall MacAmhlaigh Donaidh MacAmhlaidh  
Daibhidh Brew Iain Stephen Moireasdan  
Calum MacFhearghais

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)  
Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) – airson puingeon 11-14  
Bruce Malcom (Ceannard Leasachaidh Seirbheis BBC Scotland) – airson puing 11  
Ian Small (Ceannard Poileasaidh & Gnothaichean Corporra BBC Scotland) – airson puing 11

### Gnothaichean a' Bhùird

#### 1 Buill a-mhàin

Chaidh còmhradh a chumail le Buill a' Bhùird agus an t-Àrd-Oifigear.

### Gnothaichean gnàthach

#### 2 Leisgeulan

Màiri Kidd.

### **3 Gnothach Dearbhte**

- Catriona Nic a' Phì – a) Farpaisean Chon-chaorach b) prògram deuchainn (pilot) le Bees Nees

### **4 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 25/2/16**

Aontaichte.

### **5 Gnothaichean ag èirigh**

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

### **6 Aithris bhon Cathraiche**

Chur an Cathraiche fàilte air Calum MacFhearghais chon a' chiad choinneamh aige.

Rinn an Cathraiche aithris mu choinneamhan aig an robh i agus chumadh còmhradh mu ìrean mothachaidh agus ìrean taic airson nam meadhanan Gàidhlig an lùib luchd-poilitigs agus luchd-craolaidh. Chaidh bruidhinn mu bhith a' toirt a' bhuaidh far am bu chòir agus mu bhith a' faighinn an taic as èifeachdaiche bho luchd-comhairle na buidhne ann a bhith a' cur na h-argamaidean as làidire airson nam meadhanan Gàidhlig.

Mhìnich eadh plana-gnìomh mar an deigheadh an-sàs, agus chaidh moladh gum biodh fios mun obair leantainneach seo a' nochdadh ann an aithisg an Àrd-Oifigeir. (Gnìomh: DC)

### **7 Aithisg Bhliadhnail Chomataidh Inbhean 2015/16**

Bha aithisg bhliadhnail na Comataidh airson 2015/16, a' gabhail a-steach fèin-mheasadh na Comataidh, air beulaibh Bhall, a rèir Sgeama Chumhachdan Tiomnaichte MG ALBA, agus chaidh iomradh a thoirt oirre le Cathraiche na Comataidh. Chaidh aontachadh ris an aithisg agus ri dreach clàr-obrach, far an deach innse gur e a bhith a' gabhail suim de amasan Lèirsinn 2021 prìomh obair na Comataidh airson 2016/17.

Thug an Cathraiche iomradh air toraidhean na fèin measaidhean, le buill riarachaidh le obair na Comataidh ach le cothroman leasachaidh a dh'fhaodadh tachairt, nam measg, aire a thoirt do thrèanadh airson buill agus airson dòigh-obrachaidh na Comataidh.

Chaidh taing a thoirt do Chathraiche agus do bhuill na Comataidh airson an cuid obrach.

## **8 Aithisg Bhliadhnail Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh 2015/16**

Bha aithisg bhliadhnail na Comataidh airson 2015/16, a' gabhail a-steach fèin-mheasadh na Comataidh, air beulaibh Bhall, a rèir Sgeama Chumhachdan Tiomnaichte MG ALBA, agus chaidh iomradh a thoirt oirre le Cathraiche na Comataidh. Chaidh aontachadh ris an aithisg agus ri dreach clàr-obrach airson 2016/17.

Dh'innis an Cathraiche gun robh cumadh is susbaint Aithisg Bhliadhnail MG ALBA airson na bliadhna 2015-16 cothromach agus so-thuigsinn (fair, balanced and understandable) a rèir an Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus gun robh a' Chomataidh ga mholadh dhan Bhòrd.

Dh'innis an Cathraiche gun d' thug an luchd-sgrùdaidh seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dhìth air na Cunntasan Reachdail. Chomharraich Cathraiche na Comataidh gun deach gluasad airson a' chiad turas gu International Financial Reporting Standards (IFRS) ann an Cunntasan Reachdail na bliadhna gu 31 Mart 2016 gun bhuidh susbainteach air na toraidhean agus le tuilleadh fiosrachaidh agus foillseachaidhean anns an notaichean ri na cunntasan.

Chaidh barantas a thoirt seachad gun robh a' Chomataidh a cumail sùil iomchaidh gu cunbhalach air Clàr nan Cunnartan.

Bha a' Chomataidh riarachta air an sgrùdadh in-thaigh a rinn BDO air riaghlachas corporra agus prìomh phròiseasan MG ALBA. Thug BDO seachad barantas a bha aig ìre iomchaidh ged nach robh e aig an ìre a b' àirde, b' e sin gu robh modhan-obrach agus smachd ann an àite ach gun robh molaidhean aca a chuireadh ri neart agus èifeachdas obrachaidh. Dh'aontaich a' Chomataidh na molaidhean sin a chuir an sàs. Chur Cathraiche na Comataidh fàilte air beachdan a' Bhùird mu chumhaichean iomraidh na Comataidh atharrachadh gus molaidhean an Luchd-sgrùdadh a chur an cèill.

Thug an Cathraiche iomradh air toraidhean na fèin measaidhean, agus gun robh buill na Comataidh toilichte dearbhadh don Bhòrd gu bheil obair na Comataidh a' dol gu math, gu bheil cothroman ann pròiseasan na Comataidh agus a' Bhùird a leasachadh ann a bhith a'

coimhead ri pàipearan agus mar a tha iad gan sgaoileadh, agus gum b' fhiach aire a thoirt do thrèanadh airson buill.

Chaidh taing a thoirt do Chathraiche agus do bhuill na Comataidh airson an cuid obrach.

## **9 Ballrachd nan Comataidhean**

Chaidh dà bhall ùra ainmeachadh aig toiseachd a' Chèitein 2016. Bha moladh air beulaibh bhall gun tèid Calum MacFhearghais a shuidheachadh air Comataidh Inbhean agus gun tèid Mairi Kidd a suidheachadh air Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh. Chaidh seo aontachadh.

## **10 Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha aithisg air beulaibh bhall a' toirt sealladh air suidheachadh na buidhne agus a cuid luchd-obrach agus a' mìneachadh adhartas air prìomhachasan na buidhne. Chaidh an aithisg a chomharrachadh.

## **Gnothaichean deasbaid**

*Bha Ceannard Leasachaidh Seirbheis BBC Scotland, Bruce Malcom agus Ceannard Poileasaidh agus Gnothaichean Corporra BBC Scotland, Ian Small, an làthair airson puing 11. Bha Ceannard Seirbheis BBC ALBA, Mairead Màiri Mhoireach, an làthair airson puingeon 11-14.*

## **11 Pàipear Geal**

Rinn Ceannard Leasachaidh Seirbheis BBC Scotland agus Ceannard Poileasaidh agus Gnothaichean Corporra BBC Scotland aithris air cuspairean a nochd, agus feadhainn nach do nochd, sa Phàipear Ghil a chaidh fhoillseachadh bho chionn seachdain.

Chaidh aithneachadh gun robh am Pàipear Geal taiceil do chraoladh Gàidhlig, ach nach d' deach e cho fada ri bhith moladh dhan BhBC co-ionannachd spèis a shealltainn do thelebhisean Gàidhlig an coimeas ri telebhisean na Cuimris, 'b e sin, ìos-mheud de 10 uair de phrògraman in-taigh gach seachdain pàighte leis a' BhBC airson gach seanail mion-chànanach anns am bheil am BBC na compàirteachaidh.

Chaidh na leanas a chlàradh bhon deasbad le oifigearan a' BhBC:

“Members noted that the UK Government and the BBC had agreed in previous financial negotiations that the funding of public policy in three different areas would be transferred from general taxation to the licence fee settlement, with appropriate underpinning in the BBC’s Charter. These were the BBC World Service, previously funded by the Foreign & Commonwealth Office; the provision of free TV licences for the over-75s; and the arrangements for funding minority language provision. In each of these areas, it was important that the BBC had a coherent policy going forward which underpinned the manner in which it decided to allocate its resources (and which was potentially subject to judicial review). Unlike the position in relation to the World Service and welfare for the elderly, which were a matter of national discretion, effective minority language provision across the piece was an international obligation of the United Kingdom under the Charter for Regional and Minority Languages.

It was added that the fulfilment of that international obligation would be subject to Council of Europe monitoring in 2017 and underlined the need for the BBC centrally to proceed on the basis of a rational and comprehensive policy for the delivery of minority language broadcasting in Scotland, Wales and Northern Ireland. The Board was agreed that this was primarily a matter for the BBC to resolve at UK corporate level: it could not simply be delegated to each of the three BBC Nations to balance against their other spending priorities. It would be invidious to expect BBC Scotland to balance the BBC’s corporate responsibilities to UK minority language provision against its English language spending priorities: failure to address the issue satisfactorily could represent a serious reputational risk for the BBC as a whole”.

Chaidh aontachadh gum bu choir an teachdaireachd seo a bhith air a thuigsinn gu soilleir le luchd-poilitigs, a’ toirt fainear gum bi Comataidh nan Eòlaichean a’ tadhail air Alba an ath-bhliadhna gu bhith measadh ìre coileantachd Artaigeal 11 a’ Chairt Eòrpach airson nan Cànanan Sgìreil agus nam Mion-chànanan. (Gnìomh: DC)

Dheigheadh coinneachadh le Ofcom gus an taic a ghleidheadh tron phròiseas agus a thaobh poileasaidh mion-chànain. (Gnìomh: DC)

Rachadh moladh do Riaghaltas na RA gun tèid cuideigin le Gàidhlig fhasadh gu bòrd ùr a' BhBC agus gum bi Gàidhlig agus mion-chànain eile air an riochdachadh gu h-ìomchaidh ann an riaghlachas ùr a' BhBC. (Gnìomh: DC)

## **12 Lèirsinn 2021**

Bha pàipear air beulaibh bhall, a' mìneachadh adhartas agus coileanadh Lèirsinn 2021, agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh cuideachd taisbeanadh a thoirt seachad air luchd-amhairc BBC ALBA 2017-21.

Chaidh aontachadh gun deigheadh measadh sia-mìosail fa chomhair a' Bhùird le ìrean coileantachd na Lèirsinn. (Gnìomh: DC)

## **13 Cùmhnantan airson aonta a' Bhùird (seachad air £100k san uair)**

Bha 3 molaidhean mu choinneimh a' Bhùird, fo riaghailt C.5.2 de Riaghailtean Ionmhasail MG ALBA, a' sireadh aonta airson prògraman far am biodh a' chosgais nas àirde na £100k gach uair. Bha iad seo air nochdadh air beulaibh Bòrd na Co-bhanntachd cheana.

Chaidh na leanas aontachadh as dèidh còmhradh mu chosgais, amas agus slatan-tomhais:

*Nochd Magaidh Choineagan ùidh sa chiad ghnothach agus cha do ghabh i pàirt sa chòmhradh no sa cho-dhùnadh*

**Bannan** - 5 x 30' programan ùra de drama "Bannan" riochdaichte le Young Films airson a dhèanamh ann an 2016/17 airson craoladh air BBC ALBA ann an 2017, air cosgais iomlan aig £[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta] no san uair [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta].

**Drama chloinne ann an co-bhonn leis an European Broadcasting Union** – 1 x 15' de phrògram ùr ann an sgeama far an tigeadh 4-6 prògraman ann an cànanan eile gu BBC ALBA airson an cur gu Gàidhlig, air cosgais iomlan aig £[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta], no aig £san uair [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta].

**Torcquil** - 2 x 30' prògraman comadaidh ùra air cosgais iomlan aig £[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta], no £ san uair [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta]. Dh'iarr am Bòrd miann

gum biodh an sgrìobhadh air a leasachadh agus gun deigheadh còmhraidhean a chumail leis an riochdaire gus prìomhachas a chuir air cànan agus air ìre còrdaidh an luchd-amhairc.

#### **14 Coimiseanadh tro Phasgain 2017-2021**

Bha pàipear air beulaibh bhall airson aonta air pròiseas agus prionnsabalan coimiseanadh nam pasgan airson luchair 2017 air adhart. Bha seo air a dhol tro Bhòrd na Co-bhanntachd air 9/5/16. Bhathas a' moladh gum biodh:

- Pàipearan iomlan mu choinneimh a' Bhùird san t-Sultain agus gun deigheadh an Cuireadh gu Tairgse fhoillseachadh an dèidh sin;
- Gum bu chòir cùmhnantan a bhith fo dheasbad sa Ghearran 2017, agus a' mhòr-chuid a' tòiseachadh san luchair 2017;
- Gur ann airson 4 bliadhna a bhiodh na cùmhnantan;
- Gum biodh a' phrìs air a ghlasadh, ach gum biodh sùbailteachd ann a thaobh uairean a thìde;
- Gum biodh còraichean eadar-nàiseanta gan sireadh.

An dèidh còmhradh, chaidh aontachadh a dhol air adhart. Bhiodh e riatanach a bhith soilleir mu dè bha sna amhairc aig a' BBC airson BBC Scotland agus airson BBC ALBA mus urrainn dad aontachadh, ach gu feumadh gluasad an-dràsta ceum air cheum.

#### **15 Measadh Chunnartan**

Bha clàr nan cunnartan agus pàipear fiosrachaidh air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail.

#### **16&17 Aithisg bhon luchd-sgrùdaidh agus Cunntasan bliadhnail**

Bha na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2016 air beulaibh bhall airson aonta. Chaidh na Cunntasan a thaisbeanadh chun Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 10/5/16 leis an Stiùiriche Ionmhais agus rinn an luchd-sgrùdaidh còmhradh mionaideach leis a' Chomataidh air na lorg iad san sgrùdadh. Cha do thog an sgrùdadh duilgheadasan mòra sam bith agus tha Deloitte air aithisg sgrùdaidh gun chumhachan (unqualified) a thoirt seachad. Chaidh na Cunntasan ullachadh airson a' chiad uair ann an riochd ùr IFRS.

Bha buill riarachta le na Cunntasan Reachdail agus chaidh an aontachadh.

Chaidh moladh a dhèanamh Deloitte fhadastad a-rithist mar luchd-sgrùdaidh na buidhne agus chaidh seo aontachadh.

Chaidh taing a thoirt don Stiùiriche Ionmhais agus an sgioba airson an cuid obrach.

#### **18 Aithisg Bhliadhnaile 2015-16**

Thèid an Aithisg Bhliadhnaile 2015-16 fhoillseachadh san Ògmhios 2016 còmhla ri Cunntasan Reachdail na buidhne. Air beulaibh bhall, bha an tionndadh deireannach de theacsa na h-Aithisg Bhliadhnaile airson a' Bhùird, le fainear air a thoirt de mholaidhean a' Bhùird agus an luchd-sgrùdaidh cheana.

An dèidh moladh briathrachas atharrachadh gus soilleireachadh a dhèanamh air an iarrtas aig MG ALBA bhon BhBC sa Chairt ùr mu choinneimh targaid de 3 uair de phrògraman ùra gach latha air BBC ALBA chaidh seo aontachadh.

#### **19 Raon-obrach Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur an gnìomh molaidhean luchd-sgrùdadh in-thaigh air riaghlachas corporra (BDO) agus miann na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh a' moladh dleastanas na comataidh a shoilleireachadh. Chaidh na molaidhean aig BDO aontachadh agus thèid sgrìobhainn corporra agus làrach lion MG ALBA ùrachadh dha-rèir. (Gnìomh: MAMI)

#### **20 Aithisgean air dèanadas**

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

#### **21 Dreachd gearr-chunntas Bòrd na Co-bhanntachd 5&9/5/16**

Rim faighinn a dh'aithghearr air an eadra-lìon.

#### **22 Fèin mheasaidhean a' Bhùird**

Bha pàipear air beulaibh bhall le moladh gun deigheadh meòrachadh a dhèanamh air trì cheistean a thaobh obair a' bhùird. Chaidh aontachadh gun cuireadh buill beachdan chun Chathraiche cho luath 's a ghabhas. (Gnìomh: MAMI)

#### **23 GISBE**



- Dheigheadh coimhead ri feumalachdan uidheamachd nam ball an co-theacsa pàipearan coinneimh
- Dheigheadh là inntigidh a chuir air dòigh airson buill ùra

**28. Deit na h-ath choinneimh: 13/9/16, Uibhist**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*